



Tiotal: Mo theaghlaich/Tha gach teaghlaich eadar-dhealaichte Ìre: A'CHIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha fios agam gu bheil daoine nar beatha a tha a' gabhail cùram dhinn agus a' coimhead às ar déidh, agus tha mi mothachail gum faod daoine a bhith ann an cùram am pàrantan, luchd-cùraim no inbhich eile.</p> <p>HWB 1-45a</p>	<ul style="list-style-type: none">Mìnich gu bheil diofar sheòrsachan theaghlaichean ann le diofar uallaichean.Mìnich gum faod teaghlaichean a bhith eadar-dhealaichte ach gum bi iad fhathast a' gabhail cùram dhe chèile

Amasan Ionnsachaidh

- Gum bi fios aig clann gu bheil inbhich nam beatha a tha a' gabhail an cùram agus a' coimhead às an deidh.
- Gun tuig clann gum faod na h-inbhich seo a bhith eadar-dhealaichte do chlann.
- Gun urrainn do chlann cunntas a thoirt air diofar sheòrsachan teaghlaich

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh aithneachadh cò na h-inbhich nam bheatha a tha a' gabhail mo chùram agus a' coimhead às mo dhèidh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air na diofaran eadar teaghlaichean.

Goireasan-taic

- Taisbeanaidhean PowerPoint
- Pàipear agus peansailean dathte airson dealbhan teaghlaich/taisbeanadh
- Òran Scratch Garden Families: <https://youtu.be/ZcpZKXPnbZs> (faid 3 mion 36)

Ma tha sibh an dùil làrach-lin mar YouTube a chleachdad, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

- Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe còmhla, mar a bhios iad a' dèanamh aig àm ceardaill. Inns dhaibh gum bi sibh a' bruidhinn air teaghlaichean an-diugh. Seall a' chiad dhUILleag PowerPoint dhaibh agus an uair sin na dealbhan de dhiofar theaghlaichean: **Ar Teaghlaichean. Tha gach teaghlaich eadar-dhealaichte.**

Mar a tha sibh a' dol tro na dealbhan, tarraing aire chun nan rudan a tha diofraichte agus cho mìorbaileach 's cho eadar-dhealaichte 's as urrainn do gach teaghlaich a bhith. Tarraing aire gu far am bi clann a' roinn – tha sin coltach ris an teaghlaich agamsa!

- Tagh sgeulachd a leugh sibh bho chionn ghoirid agus dèan sgrùdadh air na buill teaghlaich a th' anns an leabhar. Iarr air a' chloinn na buill teaghlaich san sgeulachd a chomharrachadh. Cuideachd iarr air a' chloinn innse dè bhios na daoine san teaghlaich a' dèanamh gus coimhead às dèidh a chèile. Bhiodh e feumail dealbh bhon leabhar a bhith agaibh no dealbh air an SmartBoard. Ma tha a' chlann air a bhith a' leughadh diofar leabhraichean, faodaidh gach buidheann bruidhinn air leabhar/teaghlaich air a bheil iad eòlach agus innse do chàch – chan e daoine a dh'fheumas a bhith anns an teaghlaich, 's dòcha gur ann mu theaghlaich bheathaichean a tha an leabhar.

Thoir a-steach an t-òran **Scratch Garden Families Song** <https://youtu.be/ZcpZKXPnbZs> (faid 3 mion 36) Cluich a-rithist e ma tha a' chlann airson dannsa no seinn.

- Sna teaghlaichean againn:** Cleachd an ath dhà dhuiileig gus faighneachd dhan chloinn agus gus am bruidhinn iad (ri neach rin taobh an uair sin air ais mar bhuidheann): Mar sin nuair a bhios sinn a' smaoineachadh air ar teaghlaichean:

Dè bhios na daoine eadar-dhealaichte san teaghlaich agad a' dèanamh airson cùram a ghabhail dhìot agus coimhead às do dhèidh?

Dè bhios tusa a' dèanamh gus cuideachadh a thoirt do dhaoine eile san teaghlaich agad?

- 'S dòcha gum bi feadhainn sa chlas ag iarraidh barrachd innse mun teaghlaich acasan.** Faighnich a bheil neach sam bith airson tighinn suas agus innse cò th' anns an teaghlaich aca agus mu na rudan a tha a' cordadh riutha a bhith a' dèanamh còmhla riutha, mar aon no mar theaghlaich. Mar a tha a' chlann ag innse mun teaghlaich aca, bruidhinn air cho eadar-dhealaichte 's a tha na teaghlaichean aca. Mar thidsear no neach-foghlaim, ma tha thu airson, inns beagan mun teaghlaich agad fhèin.
- Dealbhan Teaghlaich.** Iarr air a' chlann dealbh a dhèanamh dhen teaghlaich aca, can riutha gum faod iad iad fhèin a chur innte, faodaidh iad neach sam bith, aig a bheil gaol orra no a tha a' gabhail an cùram. a chur san dealbh. Mar sin chan fheum iad idir a bhith a' fuireach san aon taigh. Ma nì iad dealbh A3 no nas lugha aig A4, faodaidh iad dealbhan dathte, peansail a dhèanamh nach toir ro fhada. Seall iad fo thiotl: **Ar teaghlaichean.** Iarr air a' chloinn luchd-tadhail a shealltainn timcheall air an taisbeanadh.
- Criochnaich le bhith a' cluich an òrain the Scratch Garden song a-rithist.

Beachdan Eile

- Leabhar: Tha **The Family Book** le Todd Parr math airson a bhith ag obair còmhla ri buidhnean beaga no daoine fa leth.
- Do chlann nas òige: Sesame Street 'Family Song' https://www.youtube.com/watch?v=ii_LtHrEiao (deiseil às dèidh 1 mhionaid 16)
- Ma tha ùine agaibh airson cluich shaor, cuir air dòigh oisean teaghlaich/dachaigh.

- Ma tha iad air a shon, leig leis a' chloinn na dealbhan aca a thoirt dhachaigh.
- Tha grunn dhiofar leabhairchean rim faighinn a tha a' coimhead air diofar sheòrsachan theaghlaichean. Thoir sùil air an liosta leabhairchean airson na h-ìre seo aig <https://rshp.scot/first-level/>
- 'S dòcha gum bi ceistean aig clann a tha fo chùram na stàite air a' chuspair seo. Thoir sùil air an liosta seo de leabhairchean-deilbh freagarrach airson tuilleadh fiosrachaidh: <https://www.littleparachutes.com/category/issues/adoption-fostering/>

Ceangal ris an Dachaigh

The text below could be used to communicate with home about this activity.

Air an t-seachdain seo bidh sinn a' bruidhinn air teaghlaichean – bidh sinn a' comharrachadh cho eadar-dhealaichte 's a tha na teghlaichean againn agus a' smaoineachadh air na bhios teaghlaichean a' dèanamh airson coimhead às dèidh a chèile. Nì a' chlann dealbh teaghlaich, bheir iad dhachaigh i às dèidh a taisbeanadh air a' bhalla airson greis. San eadar-ama, innsibh stòridhean dhan chloinn mun teaghlaich agaibh nuair a bha sibh a' fàs suas! Seo an t-òran ris am bi sinn ag èisteachd sa chlas: **Scratch Garden Families Song** <https://youtu.be/ZcpZKPnbZs>

Notaichean Tidseir